

## Suidhidh sinn a-mhàin gu socair

Suidhidh sinn a-mhàin gu socair  
glaodhaidh sinn ar làn a' bhotail  
Olaidh sinn gu sunndach deoch  
dheth  
ge b' e cosg 's gun tig e dhuinn.

Fear a phàigheas e 's nach òl e  
biodh e taobh a-muigh na  
còmhladh  
Bhean an taighe, dùin an seòmair  
cha bhi aon den t-seòrs' ud leinn

Ged nach eil mo chrodh air  
bhualidh  
na mo chaoraich bhith sa  
chruadhach.  
Bheirinn lòn thar bhàrr a' chuain  
a chumadh suas mo roghainn fhèin

Ged a tha mo phòcaid falamh  
chì mi stòras anns gach bealach  
Lìon a-nuas dhuinn cuach dhan  
drama  
chumas fuachd an earraich dhinn

Ged 's bòidheach na h-ighneagan  
Gallta  
len cuid sròl den t-sìoda  
ghreannmhòr  
Samhail chan fhaigh mi air m'  
annsachd  
ged a bhiodh a ceann gun chìr

Ged a dh' òlainn slàint air  
uaireanan  
'S mi ri seòladh nan tonn uaine  
Dè a ghaoil a chumadh gruaim ort  
'S mi cho tric air chuan bho thìr

Nan robh agam còignear  
bhràithrean  
Dol a dh' iarraidh bean a-màireach  
Stiùirinn iad air tè nam blàth shùil  
Ged bhiodh maoin a' bhlàir ga dìth

## We will gently sit together

We'll sit gently together,  
drink our fill of the bottle.  
We will happily take a drink of it  
no matter what the cost.

The man that pays for it but doesn't  
drink it  
will be outside the company.  
Woman of the house, shut the room  
none of that type will be with us.

Although my cattle are not penned  
or my sheep in the fold.  
I would take provision from over  
the ocean  
that would maintain my choice  
[girl].

Although my pocket is empty  
I see wealth in each side.  
Fill a goblet with a dram  
to keep the spring cold from us.

Although the lowland lassies are  
beautiful  
with their satin and fine silk.  
I can't find one to compare to my  
love  
although her hair would be without  
a comb.

Although I would sometimes drink  
a toast  
Whilst I sail the green waves.  
What, love, would keep you gloomy  
And me so often at sea far from  
land.

If I had 5 brothers  
Looking for a wife tomorrow  
I would direct the to the warm eyed  
girl  
Although she has no assets.